

Bòrd na Gàidhlig

Geàrr-chunntas na coinneimh:
Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Coinneamh air Dimàirt 06/05/2021 16.00-16.30
Air-loidhne tro MS TEAMS

Buill Bùird an Làthair:

Dòmhnall MacLeòid (Cathraiche) [DML]
 Màiri T NicAonghais [MTNA]
 Johan Nic a' Ghobhainn [JNG]

A' frithealadh:

Mairianne Stiùbhart, Ceann an Ionmhais agus Chùisean Corporra [MS]
 Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd [DB]
 Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlam Gàidhlig [SW]
 Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan [SK]
 Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais [OND]

Leisgeulan

Shona NicIlinnein, Ceannard [SNI]

Minutes of the meeting:
Policy & Resources Committee
Meeting on Tuesday 06/05/2021 16.00-16.30
On-line via MS TEAMS

Board Members Present:

Donald MacLeod (Chair) [DML]
 Mary T MacInnes [MTMI]
 Johan Smith [JS]

In attendance:

Mairianne Stewart, Head of Finance and Corporate Affairs [MS]
 David Boag, Director of Language Planning & Community Developments [DB]
 Jim Whannel, Director of Gaelic Education [JW]
 Steven Kellow, Funding & Projects Officer [SK]
 Orla MacDonald, Recording the minutes [OMD]

Apologies

Shona MacLennan, Ceannard [SML]

1.0 CUISEAN TÒISEACHAIDH

Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine a bha an làthair agus thug e am follais e gur e Mìos nan Gàidheal a bh' ann.

A' Nochdadh Chom-pàirtean

Cha robh gin ann.

IARRTAS TAIC-AIRGID**Comunn na Gàidhlig**

Tha am pàipear seo a' moladh pròiseact pileat aig CnaG airson foghlam tràth-bhliadhnaichean a neartachadh. Bidh seo a' freagairt air duilgheadasan sa roinn ri linn Covid-19.

Fhuair Buill fios cuideachd gu bheil dreuchdan bàn aig Bòrd na Gàidhlig agus gum bi am pròiseact seo a' neartachadh taic do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean anns na h-Eileanan Siar agus aig taobh deas na dùthcha.

Bha còmhraidh aig Buill agus na h-oifigearan mu na comasan agus goireasan aig CnaG gus am pròiseact seo a ghabhail os làimh agus bha iad riaraichte gum bi CnaG comasach an obair seo a choileanadh.

OPENING ITEMS

The Chair welcomed everyone to the meeting and acknowledged that it was the Gaelic Nova Scotia Month.

Declaration of Interests

There were none.

FUNDING APPLICATION**Comunn na Gàidhlig**

This paper recommends a Comunn na Gàidhlig pilot project to strengthen early years education. This is in response to problems faced by the sector as a result of Covid-19.

Members were also informed that Bòrd na Gàidhlig has vacancies and this project will strengthen support for early years groups in the Western Isles and the south of the country.

Members and officers discussed the capacity and resources of CnaG to undertake this project and were satisfied that CnaG will be able to carry out this work

Bha ceist ann mu dheidhinn clàr-ama na pròiseact. Chaidh innse do Bhuill gur e sgeama aon bhliadhna a th' ann ach thathar an dùil gum bi maoin nas leantainniche ann mar phàirt de na còmhraidhean a bhios ann le CnaG mu dheidhinn aonta trì bliadhna ùr bho 1 Giblean 2022 air adhart. 'S e cùis-èiginn a th' ann an-dràsta agus mar sin tha e a' tòiseachadh cho luath 's a ghabhas.

Thathar ag amas gum bi na dreuchdan seo ag obair le oifigearan ann an Ùghdarrasan Ionadail eile agus gum bi measadh air adhartas agus èifeachdas ro dheireadh a' phròiseict.

Bha na Buill a' guidhe gach soirbheachas do CnaG agus daoine eile a bhios an sàs sa phròiseact.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH Buill ris a' phàipear.

Ceann-latha na h-ath coinneimh: 18/05/2021

There was a question about the project's timescale. Members were informed that this is a one year scheme but it is expected that ongoing funding will be part of the discussions with CnaG regarding a new three year agreement from 1 April 2022 onwards. It's an urgent situation at the moment so it will be starting as soon as possible.

It is intended that these posts will work with officials in other Local Authorities and that the progress and effectiveness of the project will be evaluated by the end of the project.

The Members wished every success to CnaG and to others involved in the project.

Decision:

The Members **AGREED** the paper.

Date of Next Meeting: 18/05/2021